

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodny.macleam@bbc.co.uk * This is Litir 262.*

Tha mi airson innse dhuibh an t-seachdain-sa mu fhaclair ùr a thàinig a-mach o chionn ghoirid. 'S e an t-ainm a th' air an *Teach Yourself: Gaelic Dictionary* oir buinidh e don t-sreath leabhraichean *Teach Yourself*. Tha e gu math feumail, saoilidh mi. Agus tha e ag obair anns an dà dhòigh – Gàidhlig gu Beurla, agus Beurla gu Gàidhlig.

'S iad ùghdaran an fhaclair Boyd Robastan agus Iain MacDhòmhnail, dithis a tha air leth comasach is foghlamaichte. Agus tha an leabhar ùghdarrasail. Aig dusan not' ach sgillinn (£11.99), tha a phris reusanta. Chanainn gu bheil e feumail do luchd-ionnsachaidh, ged nach eil e buileach cho mòr ri faclair eile, leithid Watson agus Mark. Ach tha Watson agus Mark (mar a tha Dwelly) dìreach ag obair anns an aon dòigh – Gàidhlig gu Beurla.

Tha measgachadh math de dh'fhaclan ann a bhuineas an dà chuid don Ghàidhealtachd thraidiseanta agus don t-saoghal ùr anns a bheil sinn beò an-diugh. Gheibh thu *tearb* is *tearbhadh*, rud a nì croitear airson aon bhuidheann de chaoraich a sgaradh bho bhuidheann eile. Is tha *maistreadh* ann, rud a dhèanadh na seana-mhnathan nuair a bhiodh iad a' dèanamh ìm. Mar as trice an-diugh 's ann a' ceannach a leithid anns a Cho-op.

Air an làimh eile, dè th' aca airson gnothaichean a bhuineas do choimpiutaireachd? Uill, seo na th' aca fo *website*: làrach-lìn. Glè mhath. *Surf the net* : tràl an lìon. Mmm. Ach dè mu dheidhinn *cool*? Smodaig. Mmm. Chan eil fhios a'm nach bu chòir dhuinn dìreach aideachadh gu bheil *cool* air a dhol a-steach don Ghàidhlig cuideachd...

Ach tha duilgheadas an-còmhnaidh ann do dhaoine a tha a' cruthachadh faclair beag. Dè dh'fhàgas iad às? Tha Robastan agus MacDhòmhnail air deagh thaghadh a dhèanamh, chanainn, ach aig àmannan tha rudeigin a dhìth. Mar eisimpleir, smaoinichibh air an t-seantans shìmplidh seo – “Chuir i aiste air a' bhòrd”. Canaidh mi sin a-rithist. Chuir i aiste air a' bhòrd. Dè tha sin a' ciallachadh? Uill, anns an fhaclair ùr, tha “aiste” a' ciallachadh “from/out of her/it”. Mmm, dè dìreach a rinn a' chaileag air a' bhòrd? Ach le faclair nas mò, chì sinn gu bheil *aiste* cuideachd a' ciallachadh “composition” no “essay”. Mar sin, 's dòcha gur e an t-eadar-theangachadh as fheàrr – “she put an essay on the table.”

Tuigidh sibh gu bheil mi a' gabhail beagan spòrs. Ach bu mhath leam am faclair ùr a mholadh airson gach riochdair roimhearach no *prepositional pronoun* (mar *aiste*) a chur ann fa leth mar cheann-fhacal. Nuair a chì thu rud mar *aige* no *aigesan* ann an teacsa, tha am faclair seo a' mìneachadh gu bheil e a' ciallachadh “his”. Ann an

cuid de dh'fhaclairian, tha iad dìreach ag ràdh, “coimhead air aig” agus feumaidh tu an uair sin dhol gu duilleag eile, agus obrachadh a-mach dè tha am facal *aigesan* a' ciallachadh.

Agus air an taobh dhen leabhar a tha a' dol bho Bheurla gu Gàidhlig, tha mi a' faicinn gu bheil an dà shiostam cunntaidh ann. Mar eisimpleir, airson “sixty” tha iad ag ràdh *trì fichead* no *seasgad*. Agus airson “seventy” tha iad ag ràdh, *trì fichead 's a deich* no *seachdad*. 'S e an seann siostam a tha fhathast anns a' phrìomh àite ach cò aige tha fios nach atharraich sin anns na deich bliadhna romhainn? Agus mus fhalbh mi, facal feumail eile bhon fhaclair: dè a' Ghàidhlig a th' air *stereotype*? Gnàth-iomhaigh. Sin e bhuam an t-seachdain seo. Beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na seachdaine: ùghdaran: *authors*; ùghdarrasail: *authoritative*; reusanta: *reasonable*; tearbadh: *separation (as of lambs from ewes)*; maistreadh: *churning*; an-còmhnaidh: *always*; eadar-theangachadh: *translation*; ceann-fhacal: *headword*; bhuam: *from me*.

Abairtean na seachdaine: buinidh e don t-sreath leabhraichean: *it belongs to the series of books*; saoilidh mi: *I reckon*; ged nach eil e buileach cho mòr ri: *although it is not quite as big as*; a bhuineas an dà chuid: *which belongs to both*; rud a dhèanadh na seana-mhnathan: *something the old wives would do*; 's ann a' ceannach a leithid a bhitheas iad: *they buy the like (this form puts the emphasis on ceannach)*; air an làimh eile: *on the other hand*; chan eil fhios a'm nach bu chòir dhuinn dìreach aideachadh: *I don't know if we shouldn't just admit*; dè dh'fhàgas iad às?: *what do they leave out?*; tha iad air deagh thaghadh a dhèanamh, chanainn: *they have made a good choice, I would say*; tha rudeigin a dhìth: *something is missing*; gu bheil mi a' gabhail beagan spòrs: *that I'm having a bit of fun*; feumaidh tu an uair sin dhol gu duilleag eile: *then you have to go to another page*; gu bheil dà shiostam cunntaidh ann: *that there two counting systems in it*; cò aige tha fios: *who knows*; nach atharraich sin anns na deich bliadhna romhainn: *that that won't change in the ten years ahead (of us)*; facal feumail eile: *another useful word*.

Puing-ghràmar na seachdaine: *Aiste and aiste are homonyms – two words with different meanings which carry the same pronunciation and, in this case, even the same spelling. There perhaps aren't as many in Gaelic as in English – and this is a reason that puns are not as easy to construct in Gaelic as they are in English. But why don't you and your friends or learners' group get together, gather a few words of this nature and try and make some puns with them? Here's a couple of examples to get you going: bile (lip) and bile (parliamentary bill) – chuir i fàilte mhòr air na bilean aige, agus 's e am ball pàrlamaid a bha toilichte; mìos (month) and mias (basin) – tha mi a' feitheamh airson mias mus glan mi m' aodann. If you get some good ones, why not send them to me?*

Gnàths-cainnt na seachdaine: *Aig dusan not' ach sgillinn: at £11.99. This is the easy and idiomatic way to give prices of this nature. It is easier than “aona nota dheug, ceithir fichead sgillinn 's a naoi-deug” in the vigesimal system and likewise easier than “aon-deug notaichean, naochad 's a naoi sgillinn” in the decimal system. Similarly, £5.99 is “sia not' ach sgillinn” and £2.95 is “trì not' ach còig sgillinn”.*

* *“Litir do Luchd-ionnsachaidh” is funded by Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*